

## Uiseag bheag dhearg - Activity Ideas

### Inbheach agus leanabh

Le teadaidh no doile bi turrabanaich ris a' cheòl. Feuch ri seinn gu socair agus an uair sin uabhasach socair. A bheil thu a' cluinntinn eadar-dhealachadh? Anns an rann mu dheireadh thoir a chreidsinn gu bheil thu a' tuiteam na do chadal nuair a tha thu a' seinn nam facal 'is ò bha mo chadal cho sèimh'.

### Adult and child

*Take a teddy or doll and rock it in your arms in time to the music. Try to sing quietly and then very quietly - can you hear the difference? At the last verse pretend to fall asleep as you sing 'is o! Bha mo chadal cho sèimh.'*

### Gnìomh buidhne

Beachdaich còmhla ris a' chloinn air cuin a tha iad a' dol dhan leabaidh agus carson a dh'fheumas sibh cadal. Càit am bi na h-eòin a' cadal? Suidhibh air an làr ann an cearcall agus sgaoilbh a-mach siota no pìos mòr lycra. Dèanaibh cinnteach gu bheil grèim aig a h-uile duine air oir. Cuiribh teadaidh ann am meadhan an t-siota agus obraichibh còmhla a' turrabanaich teadaidh fhad 's a tha sibh a' seinn. Smaoinichibh air diofar dhòighean an t-siota a ghluasad, suas agus sìos, a-mach agus a-steach agus bho thaobh gu taobh. Feuchaibh ri bhith a' seinn gu sìtheil, socair.

### Group Activity

*Discuss when you go to bed and why you need to sleep. Where do birds sleep? Sit on the floor in a circle and stretch out a sheet or a large piece of lycra between you so that everyone is holding an edge. Place a teddy in the middle of the sheet and work together to gently rock the teddy as you sing.*

*Think of different ways to move the sheet: up and down, in and out, side to side. Practise singing quietly and gently.*

*Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)*

## Tha bàta seòladh air a' chuan - Activity

### Inbheach agus leanabh

Suidh air an làr mu choinneamh an leanaibh agus cùm grèim air a làmhan.

Gluais bho thaobh gu taobh mar gu bheil thu air bàta a' seòladh tron chuan.

Thoir a chreidsinn gu bheil an t-uisge socair agus gluais nas socaire. Gluais nas luaithe mar gum biodh stoirm mòr air faire! Lìon bobhla làn uisge agus stiùir dèideag tron uisge fhad 's a tha thu a' seinn.

### Adult and child

*Sit on the floor and face your child holding hands. Swing from side to side like a boat sailing through the water. Pretend the water is calm and move more gently or build up into a big storm with bigger movements. Fill up a bowl with water and steer a toy through the water as you sing.*

### Gnìomh buidhne

Iarr air a' chloinn seasamh ann an cearcall. Tagh leanabh a chluicheas Alasdair, an sgiobair. Bu chòir an leanabh seo sgiobadh timcheall a' chearcaill nuair a tha an ran ga seinn. Nuair a thòisicheas an t-sèist bu chòir dhaibh leanabh eile a thaghadh. Bu chòir an dàrna leanabh grèim a chumail air guailnean a' chiad leanaibh agus dannsaidh iad timcheall na buidhne, ann an dòigh conga. Tha an dàrna leanabh an uair sin a' taghadh an treas leanaibh agus thèid iadsan air cùl an dàrna leanaibh. Cumaibh oirbh a' seinn gus a bheil a chlann uile ann an loidhne conga fhada agus grèim aca air guailnean a chèile. Leanaidh iad a' chiad leanabh, agus nuair a sheinneas iad 'Alasdair ga stiùireadh' dannsaidh a' chlann timcheall.

### Group Activity

*Stand in a circle. Choose one child to be Alasdair the captain of the boat. The child should skip around the circle during the verse until the chorus when they should then choose another child. The 2nd child should hold onto the first child's shoulders and skip round the group during the verse, conga style. The 2nd child should then tap a 3rd child during the next chorus and they should hold onto the 2nd child's shoulders as before. Continue singing until everyone has been chosen to join the conga line and you have one long line of children holding onto each other's shoulders. They should skip around to the song following the leader and dance around when they sing 'Alasdair ga stiùireadh'.*

*Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)*

## Nead na lacha san luachair - Activity

### Inbheach agus leanabh

Thoir a chreidsinn gur e lach a tha annad agus gu bheil nead agad san luachair. Gluais timcheall, mar thunnag, agus crath na sgiathan agad fhad 's a tha thu ag èisteachd ris an rann mu dheireadh. Dànns timcheall mar a thogras tu airson an dàrna pàirt den òran. Ciamar a tha an ceòl a' toirt ort gluasad? Gabh toileachas bho ruitheam nam faclan agus le sgarfaichean aotrom dèan dannsa ris a' cheòl.

### Adult and child

*Imagine you are a duck on a nest in the reeds. Waddle about and flap your wings as you listen to the first verse. Dance freely during the second part. How does the music make you feel like moving? Enjoy the rhythmical words and dance with some floaty scarves to the music.*

### Gnìomh buidhne

Seas mu choinneamh neach eile. Gnog do ghlùinean aon turas agus an uair sin buail do bhoisean dà thuras le do charaid. Feuch ri cumail ri trì buillean. Airson an dàrna pàirt den òran feuch ri gnìomhan ùr' a chruthachadh far a bheil thu a' cumail trì buillean (m e leum, buail do bhoisean, gnog do cheann no suath do chorrach air do shròin). Gabh toileachas bho ruitheam nam faclan agus le sgarfaichean aotrom dèan dannsa ris a' cheòl còmhla ri càch.

### Group Activity

*Stand facing a partner. Pat your knees once followed by two hand claps with your partner throughout the verse. Try to keep 3 beats. For the second part of the song think of different ways to keep 3 beats. E.g Jump, clap, clap or, 2 taps on your head followed by 1 tap on your nose. Enjoy the rhythmical words and dance with some floaty scarves to the music.*

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

## Èisg bhig - Activity

### Inbheach agus leanabh

Bidh subhach a' seinn òran mu iasg bheag. Fhad 's a tha thu a' seinn cleachd pinn no peant gus dealbh a dhèanamh den mhuir agus de na rudan annasach a chithear ann.

### Adult and child

*Enjoy singing the song about a little fish. As you listen use some pens or paint to create an ocean seascape inspired by the music.*

### Gnìomh buidhne

Beachdaichibh air facail ceangailte ri èisg agus a' mhuir. Cumaibh a' seinn an òrain gus a bheil a h-uile duine eòlach air na facail. Dèanaibh dà bhuidheann agus seinnibh an t-òran mar èigh is freagairt. Seinnidh a' chiad bhuidheann na ceistean a tha a' tòiseachadh 'Èisg bhig' agus freagraidh am buidheann eile leis an dàrna loidhne..

### Group Activity

*Elicit vocabulary connected to fish and the sea. Practise the song until everyone is familiar with the words. Split your group into two and sing the song as call and response. One group sings the questions beginning 'Èisg bhig' and the other group responds with the second line.*

Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)

## Bàta Sheumais – Activity

### Inbheach agus leanabh

Lìon mìos le uisge blàth agus cuir bàta beag ann. Gluais am bàta anns an uisge agus thoir a chreidsinn gur e bàta Sheumais a tha ann agus gu bheil e a’ seòladh air ais a Bharraigh. Cùm an leanabh agus tulg iad bho thaobh gu taobh, gu socair, ris a’ cheòl.

### Adult and child

*Fill a basin of warm water and place a little boat in it. Move the boat around the water as you imagine Bàta Sheumais sailing home to Lewis. Hold the child and rock them from side to side in time to the music.*

### Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall a’ cumail grèim air làmhnan a chèile. Tulgaidh bho thaobh gu taobh ris a’ cheòl, a’ tòiseachadh le bhith a’ dol dhan làimh cheart.

Seasaibh gun ghluasad tron t-sèist agus iarraidh air aon leanabh gluasad a-mach agus a-steach às a’ chearcall, mar gur iad Caiptean Bàta Sheumais. Cumaibh grèim air làmhnan a chèile airson an ath rann agus tòisichibh a tulgadh bho thaobh go taobh a-rithist ris a’ cheòl.

### Group Activity

*Stand in a circle holding hands. Sway from side to side starting right to left in time to the music. Stand still for the chorus and choose one child to weave in and out of the standing children, like the Captain of Bàta Sheumais.*

*Hold hands for the next verse and begin swaying again in time to the music.*

*Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)*

## Bai ù ohò - Activity

### Inbheach agus leanabh

Cùm an leanabh na do ghàirdeanan. Gu socair, tulg bho thaobh gu taobh ris a' cheòl. Seinn an t-òran ris an leanabh fhad 's a tha thu ga thulgadh.

### Adult and child

*Hold your child in your arms. Rock gently to and fro from side to side in time to the music. Sing to your child as you rock them.*

### Gnìomh buidhne

Seasaibh ann an cearcall agus sìnibh a-mach pìos lycra eadar a h-uile duine sa bhuidheann. Cuiribh teadaidh dhan a' mheadhan agus tulgaidh e, gu socair, bho thaobh gu taobh ris a' cheòl. Cumaibh teadaidh nur gàirdeanan agus tulgaidh e gu socair nuair a tha sibh a' seinn.

### Group Activity

*Stand in a circle and stretch out a piece of lycra material between you.*

*Place a teddy on the lycra and rock it gently from side to side in time to the music. Hold a teddy in your arms and rock it as you sing.*

*Song and activity from Òrain na Cloinne Bige (e-stòras)*